

APS. I. 78. 22

NOBUL, ANNDRA

AN DUINE-MI-FEIN

DUN-EIDIN, 1877



National Library of Scotland



B000476849

AN DUINE-MI-FEIN.

I.F.

ANNDRA NOBUL,

MAIGHSTIR SGIOLE GAEILG SAN EILEAN SGATHANACH.

—COPIED—

DUN-EIDIN

CLO-BHUALTE LE DONNCHA GRANN.

1871

PRINTED IN IRELAND



AN DUINE-MI-FEIN.

1. THUG mi beum air Maighstir Fèin
 Air cuid de ghne 's dhe lùbajreachd
 Is thuirt e fèin rium anns an uair
 Gur math a fhuair thu smùid 'thoirt air
 Oir is tearc iad anns an tìr
 A thuig a lìn 's a chìulteireachd
 A thuig a chuir cho maith riut fein
 'S gur èigin gum bi cliù agad.
2. Ach ciod a ni mi ris a phlàigh
 A shàraich mi sna dòighean ud
 Oir cha'n eil car 'theid mi na cheann
 Nach cuir e nall a chrògan ann
 Ag' iarraidh gus mo thogail suas
 Air binnein uaill is mòralachd
 Is ged a theichinn thar a chuan
 Eidh 'ghuth gu h'uaigneach còmhla rium.

3. Leanaidh Fèin mi fèin is càch
 Gu dàna n'uair nach smuainich sinn
 Tha cuid 'bheir aire dha na thràth
 'S nach nochd do chàch cho suaicheadt e
 Cuid eile 'leigeas e cho àrd
 'Sgu mothach cach gu 'ghuaillean da
 Ach bidh e cinnteach as an t'sràchd
 Far am bheil gràs a buadhachadh.
4. 'Siomadh còta leis an tig e
 'Niomadh riochd 's air uaireannan
 Bidh coslas irisleachd is bròin
 Mar fhalluinn mhòir ga chuartachadh
 Co is dìblidh ris an lèr
 Na fleasgach àrd an uaibhreachais
 A chum gun saoilear gur e gràs
 A rinn cho tàireil suarrach e.
5. 'Nuair a ghairmear mi gu ùrnuigh
 'S dùid a theid mi dh 'àicheadh sud
 Is Maighstir-Fein a cantuinn riùm
 Na teirig ann gad nàrachadh
 Mar a saoil thu gun teid leat
 'S gun taitinn thu ri càch le sud
 Fuirich as mu'n caill thu 'm beachd
 A dh' altruim iad mar tha umad.
6. Is ged a thachradh e aig am
 Gun rachainn ann nuair dh 'iarrt' orm
 Gum bi e frithealadh mo bhèoil
 A dh' fheuch an còrd mo bhriathran ris

Ach gun còrdadh iad ri càch
 Se sud gu h' àraidh iarratas
 Oir bidh e 'g iarraidh mar a dhuis
 Gum biodh an sluagh leam riaraichte.

7. 'S mar a faigh mi briathran bìil
 Bidh Maighstir Fèin an gruaman rium
 Bidh e gam chàineadh 's their e rium
 Gur fear gun tùr gun tuairmse mi
 Their e gun mhill mi air a chliù
 Gun 'd 'rinn mi cùis gun bhuanachd dha
 Oir nuair a shaoil e bhi gu h' àrd
 Gur ann a dh' fhag mi suarrach e
8. Ged a gheibhinn ann an urnuigh
 Urachadh is blàthachadh
 Gun tig am Fear ud air a chùl
 A thagrach clù na phàirticheadh
 Se' chleasachd ud a dh' fhàg mi caol
 'S nam aonar mar is abhàist dhomh
 Maighstir Fèin 'bhi g'iarraidh lòn
 Air rud nach còrd a nàdur ris.
9. Cha 'n urrainn mi 'chur air falbh
 Oir bidh e sealg a ghnàth orm
 'Sann is dèin' e air mo thòir
 Mar 's mo a bheir mi thàmait dha
 Bha mi'n dùil gu'n ~~adh'~~ e'n cùil
 Nan rùisginn a chuid àmhailtean
 Ach fear cho fèineil ri Mi-Fèin
 Cha ghabh ratreut ged chàininn e.

10. 'Siomadh fear do'n d'rinn e call
 'Tha 'leantuinn teann an càirdeas ris
 A tha ga altrum anns gach am
 Sa sealantuinn air gu fàbharach
 Ag èisdeachd ris le bhrionnal baoth
 A saoilsinn air nach nàmhaid e
 Bidh iad sud do chach gun sheum
 Ni Maighstir Fèin dhìu fàsaichean
11. Ach 's lionmhòr luchd a leisgeil ann
 'Tha teann air ann am bràithreachas
 Maighstir Ardan 's Maighstir Pròis
 Is Maighstir Mor-a-Tàlantan
 Bean ri aon diu 's bidh an còmhlan
 Còmhladh dol an sàs annad
 'Sam fear 'bheir fasgadh dhoibh le dhiòin
 Cha chòrd ris 'bli gau sarachadh.
12. Ged bheirinn beum air Maighstir Fèin
 Cha dean e sèin ach gàire ris
 Ach abradh càch ris nach eil ann
 Ach slaoightire gun nàire dheth
 Bidh sud am fleasgach air a bhonn
 'S bidh 'chompanach an t' Ardan leis
 'S mar tig a charraid as a chùis
 Cha bhuin an clù do'n chàraid ud.
13. Ma thogas Tàlantach a cheann
 'S nach bi dad ann a sheolas e
 Cha'n fhaic thu saighdear anns a champ
 As gealltaich' air bhi mòr na e

'S mar a cluinn e gum bi càch
 Ga chur an àird chà chòrd e ris
 Se'm fear a chuireas gaoth na mhàl
 Is fearr leis a bhi còmhla ris


14. Bidh Maighstir Pròiseil air a thòir
 A cuir air dòigh gu h'uaigneach dha
 Gur duine taitneach e do chàch
 'S na h'uile àit' an cuaill iad e
 'S bidh Maighstir Foirmeil air a chùl
 Ag iunnsachadh gu guanach dha
 Gach dòigh is fearr le'n dean e 'cùis
 A chosnadh cliu le 'bhuadhan dha
15. Ma bheir thu dad do'n phobull chòir
 Gur neonach leam mar fiach e riut
 Ag iarraidh trompaid chur an àird
 'S gun cluinneadh càch do dheanadas
 Cha'n fhaic e pàight' e fèin gu bràth
 Mas pàirteachadh bhios diomhair e
 Ach cuir os àird a chùis mar bhà
 'S bidh fear gun nàire 'biathadh air
16. An uair bhios Maighstir Fèin gu h'ard
 Sa gheibh e'n t'àit' as' uachdraiche
 Se'n ath ni air an d'thoir e làmh
 Gun cuirear càch an suarachas
 Is eagal air gun caill e fèin
 A mheudachd ud a bhuanach e
 'S cha'n fhaic e fear am measg nan ceud
 Cho deas ris fèin 's cho uasal ris

17. 'S'olc a ghràisg tha riut a streup
 Is eucorach an còmhlan iad
 Tha feum air gràs bhi air an stiuir
 A chumail chùisean dòigheil dhuit
 Is ged bhiodh toinhas dhe sud ann
 Bidh campar ri do bheo agad
 Gu'n teid am bàthadh sa mhuir ruaidh
 'S gach gineil truagh dhc'n t'seors' aca.
18. Siomadh car tha 'm Maighstir Fèin
 Nach cuir mi'n ceilidh an dràsda dhuibh
 Tha cuid a dheanadh dheth mi-fheum
 Nach fac' an creutair gràineil ud
 A tha toirt fasgaidh dha le'n deòin
 'Sa cumail lon is aràich ris
 Cha'n ioghnadh ged a bhios e shuas
 Air Cnoc-na-h'uall a sràidimeachd.
19. Nuair a bha mi gu co-dhùnadh
 Bha mi 'n dùil on chàin mi e
 Gum fanadh e ann an cùil
 'S nach cluinninn dìrrd gu bràth aige
 Ach dh' eirich e le neart as ùr
 Ag iarraidh clù is àrdachadh
 'S tha Maighstir Fèin an deigh gach cùis
 A leantuinn rium 's cha nàr leis e.
20. Nach ann tha 'chàil aig Maighstir Fèin
 'S an goile geur 'tha iarratach
 Ni e fèisd air na bheil ann
 'S rud nach eil ann gum biath e air

7

Is o nach d' fhuair e riamh a shàth
S' do lòn na dh' fhag e riaraichte
Se tabhair, tabhair, 'their e ghnàth
Sa bheul gun tàmh a miananaich

21. Cum an t'acras air an còmhnuidh
Sud an dòigh gu 'shàrachadh
Biodh an aimhreit air a bonn
'S bi gamhlach mar nàmhaid dha
Ach o nach dean thu sud dhiot fèin
Cha ghèill e dhuit 's cha'n fhàg e thu
Ach bi ag iarraidh 'nuas o neamh
Na cheusas e gum bàsaich e.





for Work Out

Mrs M^{rs} Jones

Heddeside

Mr. Peter. Hobble Monkham -
Lambeth Stree
Lambeth



